

Fiosrachadh cùrsa: BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam (XQ10)

Tha am BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig agus tha cuideam air foghlam bogaidh agus modhan-teagaisg dà-chànanach ann an sgoiltean. Bheir am prògram cothrom dhut barantas le urram agus teisteanas teagaisg fhaighinn taobh a-staigh ceithir bliadhna, agus tha e na shlighe dhìreach a-steach gu teagasg ann an raon far a bheil gainnead luchd-obrach. Tha cothrom ann an dà chuid Gàidhlig agus foghlam a sgrùdadh ann an suidheachadh bogaidh agus tha an cùrsa air a dhealbh airson teagasg àrd-sgoile (Gàidhlig) no teagasg bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, le, co-dhiù, 30 seachdain de ghreisean-sgoile thar bhliadhnaichean 1 gu 4. Tha am prògram air a thabhann air an làraich ach dh'fhaodadh cothrom a bhith ann Bliadhna 3 agus 4 a dhèanamh air astar le cead bho Cheannard Roinn an Fhoghlaim. Dh'fheumadh oileanaich air astar a bhith stèidhichte faisg gu leòr air ionad/sgoil a tha a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus greisean-sgoile a dhèanamh. A bharrachd air Sabhal Mòr Ostaig, tha an cùrsa cuideachd air a thabhann aig OGE A Tuath, An Iar agus Innse Gall.

Susbaint a' chùrsa

Bliadhna 1: 'S e bliadhna cànan a tha anns a' chiad bhliadhna agus nì oileanaich [An Cùrsa Comais](#) no [Gàidhlig agus Conaltradh](#) air an làraich a rèir tuigse agus comas sa chànan. Thèid sgilean cànan a mheasadh mus faigh oileanaich àite air Bliadhna 1. A bharrachd air modal ann am foghlam, tha 3 seachdainean de ghreis-sgoile an lùib a' chùrsa.

Bliadhna 2: Bidh oileanaich an sàs ann am modalan cànan/cultar GRSS agus gheibhear dà mhodal foghlaim agus 6 seachdainean de ghreisean-sgoile.

Bliadhna 3 agus 4: Thèid oileanaich an sàs ann am prògram oideachaidh slàn de mhodalan Gàidhlig agus Foghlaim agus bidh 21 seachdainean de ghreisean-sgoile eile agus Tràchdas Ceuma stèidhichte air cuspair foghlaim nan lùib.

Riatanasan Inntigidh

Airson faighinn a-steach gu Bliadhna 1, gu h-àbhaisteach feumaidh tu 3 Àrd Ìre aig BBC no nas fheàrr, le teisteanas ann an Gàidhlig do dh' fhileantach no luchd-ionnsachaidh aig Àrd Ìre B no nas fheàrr.

- Soirbheachas ann an agallamh a rèir dòigh-giùlain agus modhan-obrach teagaisg
- Feumar modhan-obrach Disclosure Scotland a choileanadh (PVG) mus tèid thu an sàs ann an greisean-sgoile air Bliadhna 1
- Àrd Ìre Beurla aig C no nas fheàrr, no teisteanas co-ionnan, agus Matamataig aig Ìre Nàiseanta 5 no Sàr-ìre Choitcheann no teisteanas Cùrsa Nàiseanta Eadar-mheadhan 2 aig C no nas fheàrr. Chuirear fàilte air tagraichean le teisteanasan eile aig an aon

Ìre. Thathar a’ moladh gum bi na teisteanasan seo aig oileanaich mus tòisich iad air a’ chùrsa no ro dheireadh Bliadhna 2 aig a’ char as fhaide.

Tha stiùireadh sònraichte aig Comhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTC Scotland) a rèir cuspair airson teagasg àrd-sgoile. Gheibhear barrachd fios an seo: [Memorandum on Entry Requirements to Programmes of Initial Teacher Education in Scotland \(2024\)](#)

Slighean adhartais agus cothroman obrach

- Teagasg àrd-sgoile (Gàidhlig)
- Teagasg bun-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- Cothroman oideachaidh for-cheum: MEd ann am Foghlam Gàidhlig [MEd ann am Foghlam Gàidhlig](#)

Barrachd fios:

Làrach-lìn: www.smo.uhi.ac.uk

Fòn: ++44(1) 1471 888

Post-d: iarrtas@smo.uhi.ac.uk

Course Information: BA (Hons) Gaelic and Education (XQ10)

The BA (Hons) Gaelic and Education is delivered through the medium of Scottish Gaelic and has a focus on immersion and bilingual teaching practices in schools. The programme provides fluent speakers and learners with the opportunity to gain an honours award and teaching qualification in four years. This allows you a direct route into teacher education, in a field where there is a skills shortage. You will study both language and education components in an immersion situation and the programme is designed for secondary teaching (Gaelic as a subject) or Gaelic-medium primary teaching and includes 30 weeks of school experience over Years 1 to 4. The programme is designed for onsite delivery but distance learning may be possible in Years 3 and 4 with permission from the Head of Studies. In order to access school placements, distance learners must live within reach of schools offering Gaelic-medium education. The programme is also available at UHI North West Hebrides.

Overview of course content

Year 1: This is primarily a language year and students follow the on-campus [An Cùrsa Comais](#) (intermediate learners) or [Gaelic and Communication](#) (fluent speakers) courses and language skills are assessed as a condition of entry to Year 1. As well as an education module, students will undertake a 3-week school placement.

Year 2: Students continue to undertake language/culture modules from the GRSS scheme as well as 2 education modules and 6 weeks of school placements.

Years 3 agus 4: Students undertake a full programme of Gaelic/culture and education modules, including a further 21 weeks of school placements and a Degree Dissertation on an education-related theme.

Entry Requirements

Entry to Year 1 of the GRSS normally requires students to have 3 SQA Higher grade passes of which 3 must be at Higher Grade at grade BBC or above, including Gàidhlig (Fluent speakers) or Gaelic (Learners) at B or above. Applicants with other qualifications will also be considered.

- Prior to the commencement of the course, you will be required to attend an interview in accordance with guidelines for admission to Initial Teacher Education in Scotland. Gaelic language skills will also be assessed prior to entry and, if successful, you will be placed on the appropriate first year language course.

- In order to undertake school placements, you will be required to satisfactorily complete Disclosure Scotland procedures (PVG).
- The qualifications below are essential for primary and secondary teaching in Scotland. It is recommended that you have these qualifications before starting the programme or, at the latest, by the end of year 2 of the programme:
Higher (or A level) English at grade C or above
Mathematics at National 5, Standard Grade Credit, Intermediate 2 or GCSE at grade C, or equivalent
- There are subject specific entry guidelines for secondary teaching stipulated in GTC Scotland. These are available on the GTC Scotland website:

[Memorandum on Entry Requirements to Programmes of Initial Teacher Education in Scotland \(2024\)](#)

Progression routes and employments prospects

- Secondary teaching (Gaelic language)
- Gaelic-medium primary teaching
- Further post-graduate study opportunities: [MEd in Gaelic Education](#)

Further information:

Website: www.smo.uhi.ac.uk

Phone: ++44(1) 1471 888

Email: iarrtas@smo.uhi.ac.uk